

## "Pantosaurus and the Power of Pants" – Gaelic transcript

Halò, is mise Ann agus is mi Oifigear Capital Gaelic ann an Dùn Èideann. An diugh tha mi dol a leughadh dhuibh "Pantosaurus and the Power of Pants". Tha an leabhar seo le Rebecca Gerlings agus Fhiona Galloway. Tha mi an dòchas gu bheil sibh deiseil airson an sgeulachd!

Aon mhadainn ghrianach, dhùisg Pantosaurus agus bha rudeigin nach robh dùil ris aig bun a leapa agus ...agus cha b' urrainn dha bhith na b' fheàrr ..'s e pants ùra a bh' ann! Pants tha toirt air bhith ag iarraidh danns'.. "pants, pants, pantosaurus" tha e a' seinn, a' leum a-mach às an t-seòmar-cadail aige, agus cò bha sin ach ....

Dinodad!

An urrainn do dhuine sam bith pàirt a ghabhail an seo?

Tha Dinodad agus Pantosaurus a' danns ..a-steach don chidsin

Tha Dinodad a' coimhead anns a' frids. "A bheil thu ag iarraidh sùgh orains?" Tha, mas e do thoil e

"Agus ubhal airson do bhocsa-bìdh?" Tha gu dearbh, taing

Tha dìreach ùine gu leòr aig Pantosaurus agus Dinodad airson beagan nigheadaireachd chur a-mach mus fhalbh iad don sgoil.

'S dochu gu bheil thu smaoineachadh gu bheil seo gòrach," arsa Dinodad, "ach eil fhios agad gu bheil do phants gad dhèanamh làidir ?" "Ach chan eil ann am pants ach dìreach pants?" fhreagair Pantosaurus

"Tha sin ceart" fhreagair Dinodad. "Ach le pants ort tha sin toirt cumhachdan sònraichte dhut. 'S e na pants agadsa a th' ann, agus is e do bhodhaigse a th' ann. Dè ma dh' iarras cuideigin faicinn no suathadh riut fo do phants?"

Gheibheadh iad NO ann an guth àrd!

"Wow" tha Dinodad a' gàireachdainn. "Is e deagh fhreagairt a tha sin! Agus dè ma dh'iarras cuideigin gun innse dha duine? Tha Pantosaurus a' smaoineachadh. "Dh'innsean dha cuideigin anns a bheil earbsa agam," fhreagair e. Mar thu fhèin!

Air an t-slighe dhan sgoil, bha cabhag air Pantasaurus a charaidean fhaicinn. Agus, nuair a rainig e bha charaidean a feitheamh ris

Halò Pantosaurus

Tha tòrr spòrs aca ann an Ealain. . . ann an Ceòl. . . agus a' feuchainn air speilgeadh anns a' chlas Beurla

"Ceart a chlann!" tha an tidsear ag radh. "'s e àm cluiche a th' ann!" Tha a h-uile duine a' ruith a-mach Yea!! Lòn! uisge!

Ach an uairsin -- thachair rud nach robh dùil ris,,airson an darna turas an latha sin... . . . SPLASH! Tha briogais ghoirid Pantosaurus -- agus na pants aige bog fluich! "Oh, na gabh dragh!" ars a tidsear le sunnd. Chan fhada gum bi thu gu math tioram!!" Agus thill i air ais don t-seòmar. Thàinig tidsear Pantosaurus air ais le aodach. "Seo a-nis!" tha i ag ràdh. "Ma

chuireas tu sin ort gu sgiobalta, bidh gu leor ùine agad fhathast airson cluich". Tha Pantosaurus air a nàireachadh! Chan urrainn dha aodach eile chur air ann am meadhan an raon-cluiche!

Buinidh na tha anns na pants aige dìreach dha fhèin! An uairsin, tha Pantosaurus a' cuimhneachadh air cumhachd na pants super soggy. Tha e ag ràdh "cha dèan mise sin"! ann an guth àrd!

"O mo chreach" tha tidsear Pantosaurus ag ràdh. "Tha mi a' smaoineachadh gu bheil mix up air a bhith ann. Cha robh mise idir a' ciallachadh gum biodh tu cur dhiot is ort d' aodach an seo!". "Faodaidh tu an cur ort san taigh beag, chan fhaic duine an sin thu"

Nuir a thàinig Pantosaurus air ais, bha gu leòr ùine ann fhathast airson cluich dìreach mar a thuirt an tidsear aige

Air ais anns an t-seòmar-sgoile, tha a h-uile duine a' suidhe sìos airson sgeulachd. An-diugh, tha an sgeulachd mu dheidhinn Little Red Roarysaurus. 'S e uilebheist beag gaisgeil a th' innte a nì a' chùis air seann ogre, le dìreach bhith ag eigheachd no ann an gùth àrd!

Aig àm dol dhachaigh, tha Dinodad a' mothachadh dha briogais Pantosaurus. "tomhaisidh mi. . ." tha e ag ràdh. "fhuair thu lorg air lòn?"

"Fhuair" fhreagair Pantosaurus. "bha briogais ghoirid agus pants agam bog fluich"

Air an t-slighe dhachaigh, tha Pantosaurus ag innse dha Dinodad mun mhix up agus mar a thuirt e nach cuireadh e dheth no air aodach san raon cluiche!

"Na gabh dragh," arsa Dinodad, "tha mi cinnteach gun robh an tidsear agad a' tuigsinn. Tha mi gu math moiteil asad airson a bhith a' bruidhinn a-mach, an uilebheist beag gaisgeil agam Nuair a fhuair iad dhachaigh, thoisich Dinodad a' gàireachdainn. "Tha e a' coimhead coltach nach tusa an aon fhear le pants bog fluich an-diugh!

An deireadh!

Tha mi an dòchas gun do chòrd an sgeulachd ribh!